

A' FRITHEALADH CÙIRTE - BEAGAN STIÙIRIDH

Clàr-innse

[Ciod e Seirbheis Chùirte na h-Alba?](#)
[A' lorg ur cùirt ionadail](#)
[A' frithealadh cùirt eucoireach](#)
[A' frithealadh cùirt shìobhalta](#)
[Treòir mu thighinn gu cùirt](#)
[Clàr-mìneachaidh ainmean laghail](#)
[Cairt Luchd-cleachdaidh Cùirte SCA](#)
[A' tilleadh fiosrachaidh no a' dèanamh casaid](#)

Ciod e Seirbheis Chùirte na h-Alba?

Tha Seirbheis Chùirte na h-Alba (SCA) na buidheann neo-eisimeileach reachdail air a bheil uallach obair làitheil nan cùirtean agus Oifis Neach-dìon a' Phobail ann an Alba.

Bidh an t-seirbheis a bheir SCA seachad cothromach, a dh'aindeoin cine 's tùs cinealaich, aois, gnè, creideamh, taobh gnèitheasach no ciorramachd.

Tha na h-ìrean seirbheise a gheibhear uainn ri fhaotainn nar Cairt do Luchd-cleachdaidh Cùirte.

A' lorg ur cùirt ionadail

Gheibh sibh far a bheil ar cùirtean uile, cho math ri fiosrachadh conaltraidh, uairean fosglaidh, goireasan is fiosrachadh ionadail air an làrach-lìn againn aig www.scotcourts.gov.uk/locations/index.asp.

'S dòcha gum bi feum agaibh bruidhinn ri ur cùirt ionadail airson fiosrachadh sònraichte mu dhol ann, gu h-àraid ma tha cobhair shònraichte a dhìth 's sibh a' frithealadh na cùirte. Mar is trice bidh cùirtean fosgailte don phoball ach bidh amannan ann nach eil seo ceadaichte agus bu chòir dhuibh dèanamh cinnteach ro-làimh ma tha sibh a' cur romhaibh càs sònraichte a fhrithealadh.

Tha barrachd fiosrachaidh ri fhaotainn ma tha sibh a' frithealadh mar:

- 1 [Neach-diùraidh](#)
- 2 [Neach-fianaise](#)
- 3 [Neach a dh'fhulaing eucoir](#)

Feumar turasan bhuidhnean is sgoiltean gu cùirtean a bhith air an cur air dòigh ro-làimh le bhith a' bruidhinn ri clèireach na cùirte.

A' frithealadh cùirt eucoireach

Càite an tèid èisteachd ris a' chàs?

Tha ceithir cùrtean ann an Alba far an èistear ri càsan eucoireach:

- 'S ann san Àrd-chùirt a dh'èistear ris na càsan as miosa, nan lùib droch ionnsaigh agus mort. Chan eil crìoch air fad teirm prìosain, no air meud càin sam bith a dh'fhaodas a' chùirt a leagadh air neach.
Airson barrachd fiosrachaidh mu fhrithealadh na h-Àrd-chùirte tadhailibh air www.scotcourts.gov.uk/justiciary/just_office.asp
- Faodar èisteachd ri gach càs eucoireach eile ann an Cùirt an t-Siorraim. Thèid dèileagadh ris na càsan seo ann am modh sòlaimte neo aithghearr. Ann am modh sòlaimte, faodaidh a' chùirt binn suas ri còig bliadhna sa phrìosan a thoirt do chuideigin, neo meud càin sam bith a leagadh air neach. Ann am modh aithghearr, faodaidh a' chùirt binn de bhliadhna aig a' char as motha a thoirt do neach agus 's e £10,000 a' chàin as motha a leagar air duine.
Airson barrachd fiosrachaidh mu chùirtean siorraim tadhailibh air www.scotcourts.gov.uk/sheriff/index.asp
- Tha aon Chùirt nam Maighstirean Pàighte ann an Alba, ann an Glaschu. Faodaidh maighstir pàighte binn suas ri bliadhna sa phrìosan a thoirt do neach fo chasaid, agus 's e £10,000 a' chàin as motha as urrainnear leagadh air duine.
- Èistear ri càsan beaga aithghearr aig Cùirt a' Mhaoir Cheartais. Faodaidh Maor Ceartais binn suas ri siathad latha sa phrìosan a thoirt do neach no càin suas ri £2500 a leagadh.
Airson barrachd fiosrachaidh mu chùirtean Maoir a' Cheartais tadhailibh air www.scotcourts.gov.uk/district/index.asp

Ni Neach-casaid a' Chrùin co-dhùnadh air cùirt san èistear càs. San fharsaingeachd 's ann sa chùirt as fhaisge air an àite far an deach an eucoir a dhèanamh a dh'èistear ri càsan ann an Cùirt an t-Siorraim, Cùirt a' Mhaoir Cheartais neo cùirt nam maighstirean pàighte. San fharsaingeachd 's ann ann an Àrd-chùirt ann an Dùn Èideann neo ann an Glaschu air neo taobh a-staigh de thogalach a chuireadh air leth airson a leithid ann an Obar Dheathain a dh'èistear ri càsan na h-Àrd-chùirte. Nuair a thig e gu h-aon 's gu dhà, faodaidh an Àrd-chùirt a bhith suidhichte ann an togalach freagarrach cùirt siorraim ann am baile neo cathair faisg air far an deach an eucoir a dhèanamh.

Airson barrachd fiosrachaidh mu Oifis a' Chrùin agus Seirbheis Neach-casaid a' Chrùin ann an Alba tadhailibh air www.copfs.gov.uk.

Modhan ann an Cùirt Eucoireach

Cò cò sa chùirt?

- **Britheamh, Siorram, Maor Ceartais**

Ni britheamh, siorram neo Maor Ceartais cinnteach gun leanar an lagh agus 's ann orrasan a tha uallach binn a thoirt do neach ciontach an dèidh daoraidh.

Mar is trice suidhidh am britheamh, an t-siorram no am Maor Ceartais aig ceann seòmair na cùirte air àrd-ùrlar air an tugtar sa choitcheannas A' Bheing.

Faodaidh am britheamh no an t-siorram a bhith ann gun diùraidh, a rèir cudtromachd na cùise is mar a thathar a' dol air adhart. Bidh am Maor Ceartais daonnan gun diùraidh.

- **An Neach-casaid**

Ann an seòmar na cùirte bheir an neach-casaid an fhianais sa chàs seachad an aghaidh an neach air an deach eucoir fhàgail. Nithear seo leis a' Mhorair Thagraidh neo le leas-neach-tagraidh san Àrd-chùirt. 'S e Neach-casaid a' Chrùin ionadail neo duine de na neachan-tagraidh a nì seo ann an cùirt an t-siorraim agus ann an Cùirt a' Mhaoir Cheartais.

- **An Neach fo chasaid**

'S e a chanar sa choitcheannas ris an duine air an deach eucoir fhàgail ach "an neach fo chasaid".

- **Neach-lagha an Neach fo chasaid**

Faodaidh daoine air an deach eucoir fhàgail iad fhèin a riochdachadh air neo neach-lagha ainmneachadh. Sa chumantas suidhidh neach-lagha ann am meadhan na cùirte ri taobh an neach-casaid agus clèireach na cùirte, 's aghaidh ris a' bheing.

- **Oifigearan na Cùirte**

Bidh clèireach na cùirte, a tha air fhadhadh le Seirbheis Chùirte na h-Alba (SCA), a' gairm a' chàs, a' clàradh mar a thèid cùisean na cùirte air adhart agus a' toirt comhairle mu mhodhan na cùirte. Gidheadh, ann an cùirt an t-siorraim agus san Àrd-chùirt, chan eil teisteanas lagha aig a' chlàireach, a bhios mar is trice aig a' bhòrd am beulaibh a' bhrithheimh 's aghaidh ri seòmar na cùirte, agus chan fhaod e comhairle laghail a thoirt seachad. Bidh clèireach na cùirte a' toirt a-mach agus a' cur ainm sgrìobhte ri sgrìobhainn iomchaidh sam bith a bhuineas ris an neach fo chasaid eadar 's gun tèid iad don phrìosan neo gun leigtear saor iad.

Ann an Cùirtean a' Mhaoir Cheartais tha teisteanas lagha aig clèireach na cùirte, a tha cuideachd na neach-fastaidh aig SCA, agus nì esan an aon obair ri clèireach cùirt an t-siorraim. Cuideachd, clàraidh iad fianais ann an deuchainnean-cùirte agus is dòcha gun toir iad comhairle do Mhaor Ceartais, an dà chuid ro agus an dèidh daoraidh.

Bidh oifigear na cùirte, neo treòiriche na h-Àrd-chùirte, a' gairm air an neach fo chasaid agus air fianaisean thighinn a-steach gu seòmar na cùirte. Seallaidh an t-oifigear seo don neach fo chasaid càite an seas neo an suidh iad agus cuidichidh e ann a bhith a' cumail smachd air cùisean sa chùirt.

Modhan Cùirt Eucoir

A' dhèanamh tagraidh

Aig toiseach cùise iarrar air an neach fo chasaid tagradh a dhèanamh mun chasaid no na casaidean a tha romhpa. Mas e neo-chiontach an tagradh, thèid latha a chur air dòigh gus èisteachd ri fianais sa chàs. 'S dòcha gum bi seachdain neo dhà ann mus tachair seo. Faodaidh an neach fo chasaid tagradh a dhèanamh gu bheil iad ciontach aig àm sam bith sa chùis.

Mas e neo-chiontach an tagradh, thèid èisteachd, rud ris an canar seisean eadar-mheadhanach ann an càsan aithghearr, a chur air dòigh dà sheachdain ron deuchainn. Dearbhadh seo gu bheil an deuchainn deiseil dol air adhart air a' cheann-latha a chaidh a chur air leth. Ma bhios adhbhar sam bith nach tèid an deuchainn air adhart mar a chaidh a phlanadh, dh'fhaodadh gun tèid ceann-latha ùr a chur air dòigh aig an ìre seo.

An deuchainn

Aig an deuchainn, mas math leis an neach fo chasaid tagradh neo-chiontach a dhèanamh, faodaidh an dà chuid an neach-casaid agus an neach fo chasaid luchd-fianaise a ghairm. Uaireannan chan fhaod an deuchainn dol air adhart air an latha fhèin. Tachraidh seo air grunn adhbhar, tòrr dhiubh air nach eil smachd sam bith aig a' chùirt, mar eisimpleir ma bhios neach-fianaise neo an neach fo chasaid tinn.

An dèidh don dà chuid an neach-casaid agus an neach-dìon a bhith air fianais a thoirt seachad, nithear co-dhùnadh a thaobh ciont an neach fo chasaid. Ann an deuchainn le diùraidh, far an èist 15 neach ris an fhianais, 's e an diùraidh a nì an co-dhùnadh seo. Bidh seo a' tachairt ann an càsan na h-Àrd-chùirte agus ann an càsan sòlaimte ann an cùirt an t-siorraim. Ann an deuchainnean sam bith eile 's e an t-siorram neo am Maor Ceartais a nì an co-dhùnadh sin, stèidhichte air an fhianais a chaidh a thoirt seachad.

A' Bhinn

Ma rinn an neach fo chasaid tagradh ciontach, air neo gun deach fhaighinn ciontach an dèidh na deuchainne, beachdaichidh a' chùirt air binn. 'S dòcha nach tachair seo air an aon latha. 'S dòcha gun tèid a' chùis air adhart fad àireamh sheachdainean air iomadach adhbhar, mar eisimpleir, a chor is gun iarr a' chùirt aithrisean taice. Bheir na h-aithrisean seo barrachd fiosrachaidh mun neach chiontach a bhios mar chuideachadh dhaibh agus iad a' cur romhpa dè an dòigh as iomchaidh dèiligeadh ris a' chàs. Ma leanas càs, nì a' chùirt co-dhùnadh an tèid an neach fo chasaid a chumail fo ghrèim, a chur air sgaoil fo urras air neo a leigeil saor gun chùmhnant sam bith.

Gabhaidh binnean eadar-dhealaichte a thoirt do dhaoine leis a' chùirt. Nam measg seo is dòcha gum bi am prìosan, leagadh càin neo òrdugh coimhearsnachd, òrdugh casg air saorsachd air neo òrdugh leigheas is deuchainn dhrugaichean.

Ath-thagraidhean eucoir

Ann an h-uile càs eucoir, mas e beachd an neach fo chasaid gun robh pàirt den deuchainn neo-chothromach no gun robh a' bhinn fada ro chruaidh, faodaidh e/i ath-thagraidh a dhèanamh gu Àrd-chùirt a' Cheartais. Cuideachd, faodaidh an neach-casaid ath-thagraidh a dhèanamh ma shaoilear nach robh a' bhinn cruaidh gu leòr. Bithear a' cumail ri crìochan-ùine. 'S dòcha gum bi ùine mhòr ann mus tèid èisteachd ris an ath-thagraidh agus dh'fhaodadh an neach fo chasaid a bhith air a leigeil ma sgaoil fo urras 's iad a' feitheamh ris a' chùis, air neo is dòcha gun tèid an cumail fo ghrèim fhad 's a thathar a' dèiligeadh ris an ath-thagraidh. Tha seo fo ùghdarras Cùirt nan Ath-thagraidhean.

Fiosrachadh feumail:

[A' lorg neach-lagha fo thaic laghail](#)
[Oifis a' Chrùin agus Seirbheis Neach-casaid a' Chrùin](#)
[Bòrd Taic Laghail na h-Alba](#)
[Seirbheis Phrìosannan na h-Alba](#)

A' frithealadh cùirt shìobhalta

Cuidichidh cùirtean sìobhalta ann a bhith a' rèiteachadh connspaid eadar pàrtaidhean. 'S e tha ann am pàrtaidh ach daoine air leth, companaidhean neo buidhnean. Dh'fhaodadh gum buin na càsan fhèin ri diofar chuspairean, leithid fiachan pearsanta, sgaradh-pòsaidh agus conaltradh ri cloinn.

Càite an tèid èisteachd ris a' chàs?

Dh'fhaodadh cùisean-lagha sìobhalta a bhith air an togail ann an cùirt an t-siorraim neo ann an Cùirt an t-Seisein. 'S e Cùirt an t-Seisein a' chùirt shìobhalta as àirde ann an Alba, a tha suidhichte ann an Taigh na Pàrlamaid ann an Dùn Èideann. Bidh Cùirt an t-Seisein cuideachd a' dèiligeadh ri ath-thagraidhean ann an cùisean-lagha sìobhalta sònraichte.

Airson barrachd fiosrachaidh mu Chùirt an t-Seisein tadhailibh air

www.scotcourts.gov.uk/session/index.asp

Seòrsaichean de chùisean-lagha ann an càsan sìobhalta

Gabhaidh dèiligeadh ri ceithir seòrsaichean de chàs sìobhalta ann an Cùirt an t-Siorraim:

- tagraidhean beaga;
- tagraidhean aithghearr;
- tagraidhean cumanta; agus
- tagraidhean measgaichte.

Tagraidhean beaga – cùisean-lagha a thaobh suim airgid suas/cho math ri £3000, neo far am feum cuideigin eile dleastanas a choileanadh (m.e. coileanadh cùmhnant) far a bheil an luach airgid nas lugha na £3000.

Tagradh aithghearr - cùisean-lagha a bhuineas ri luach airgid eadar £3000 is £5000, neo iartas air rudeigin a libhrigeadh.

Tagradh cumanta - thèid cùisean-lagha le luach airgid nas motha na £5000 a thogail tron **mhodh-tagraidh chumanta**. Eisimpleirean eile, is iad cùisean a thaobh sgaradh-pòsaidh agus conaltradh ri cloinne.

Tagraidhean measgaichte – cùisean a chaidh a thogail mar thoradh air laghan reachdail, mar eisimpleir, bristeadh-creideis no leaghadh companaidh, dìon cloinne neo inbhich gun chomas. Cuideachd nì na cùirtean cnuasachadh air tagraidhean uchd-mhacachd.

Modh Sìobhalta

As bith dè seòrsa de chùis shìobhalta a thèid a thogail, tha e coltach gum bithear gan èisteachd mus bi ceann-latha air a chur air dòigh gu seisean fianaise. Bidh an èisteachd seo mar chuideachadh ann a bhith a' soillearachadh ceistean na cùise. Tha seisean fianaise a' ciallachadh àm sam bi siorram ag èisteacht ri fianais sa chàs agus, ma bhios tagradh cumanta air a thogail, far an toir e seachad breitheanas sgrìobhte. Far am bithear a' dèiligeadh ri tagraidhean aithghearr neo tagraidhean beaga, dh'fhaodadh an t-siorram breitheanas beòil a thoirt seachad on Bheing aig deireadh an t-seisein fhianaise.

Chan eil feum bho shealladh laghail air neach sam bith neach-lagha a chleachdadh sa chàs, ged a dh'fhaodas na ceistean laghail a bhith car iom-fhillte anns a' chuid is motha de chùisean cumanta.

Ann an cùirt an t-siorraim tòisichidh cùis-lagha chumanta le tagradh foirmeil sgrìobhte a thèid a thoirt do chlàireach an t-siorraim. Bheir esan barantas gun tèid an tagradh sgrìobhte a thoirt don neach-dìon (neo an neach a tha an aghaidh an tagraidh) agus tha 21 latha acasan ri fògradh a dhèanamh gum bu mhath leo a' chùis a dhìon. Ma gheibh clàireach an t-siorraim fògradh, cuiridh iadsan cinn-latha air dòigh airson nan ceumannan diofraichte sa phròiseas, agus faodaidh gum bi tuilleadh is aon èisteachd ann mus tèid seisean fianaise a chur air dòigh. Mura h-eilear a' dìon na cùise, 's dòcha gum tèid na dh'iarr an tagraiche a thoirt seachad,

cho math ri cosgaisean.

Tha am modh a thaobh thagraidhean beaga agus thagraidhean aithghearr gu math coltach ri chèile, a' tòiseachadh nuair a thèid foirm-iarrtais a lìonadh leis an tagraiche (an duine a thog a' chùis). Thèid barantas a thaobh neach a tharraing gu cùirt a thoirt seachad le clèireach an t-siorraim, ach cuideachd ann an tagradh beag bheir clèireach an t-siorraim na pàipearan don neach-dìon, fhad 's as e neach air leth a tha san tagraiche seo 's nach e companaidh neo compàirteachas. A-rithist, feumaidh an neach-dìon sealltainn a bheil iad deònach a' chùis a dhìon gus nach eil, agus mura h-eil, 's dòcha gun tèid òrdugh a thoirt seachad an aghaidh an neach-dìon a thaobh na dh'iarr an tagraiche.

Tòisichidh a' chuid is motha de chùisean-lagha measgaichte le bhith a' cur a-steach tagradh aithghearr. Bheir clèireach an t-siorraim barantas don neach-fhreagairt agus thèid ceann-latha a chur air dòigh gus a' chàs a ghairm sa chùirt. San eadar-am bu chòir don neach-fhreagairt smaoinichadh mu fhreagairtean don chùis a chaidh a thogail nan aghaidh. Cleas thagraidhean cumanta, mura tèid freagairt fhaotainn, 's e is dòche gun toir a' chùirt cead na dh'iarr an tagraiche a thoirt seachad, cho math ri cosgaisean.

Òrduighean Sìobhalta

Far an dèanar òrdugh deireannach ann an càs sam bith, cuiridh a' chùirt òrdugh-às-tharraing a-mach. 'S e seo lethbhreac foirmeil den òrdugh a rinn a' chùirt a thèid a thoirt don phàrtaidh a bhuannaicheas agus is dòcha a thèid a chur gu feum gus an òrdugh a chur an gnìomh. 'S dòcha gum buin an t-òrdugh seo, mar eisimpleir, ri suim airgid le riadh ri phàigheadh, no ri casg a chur air giùlain àraidh, no gu dearbh ri cùram cloinne. Ann a bhith a' cur an t-òrdugh an gnìomh, is dòcha gum bi feum air oideachadh a thoirt do mhaoir-siorraim.

Ath-thagraidhean Sìobhalta

Coltach ri cùisean-lagha eucoir, tha cothrom aig a' phàrtaidh nach do bhuannaich ann an cùis shìobhalta ath-thagraidh a dhèanamh mun cho-dhùnadh. A rèir cruth òrdugh na cùirte, 's dòcha gun tèid ath-thagraidh a thoirt gu àrd-shiorram na siorramachd san deach èisteachd ris a' chàs air neo ann an cuid de shuidheachaidhean gu Cùirt an t-Seisein. Tha crìochan-ùine sa chùis. Ann an suidheachaidhean àraid is dòcha gun gabh ath-thagraidh a dhèanamh gu Àrd-chùirt na RA.

Treòir mu thighinn gu cùirt

'S dòcha gum bi na puingeann a leanas mar chuideachadh 's sibh a' dèanamh deiseil cùirt a fhrithealadh.

Dèanaibh

- bithibh sa chùirt an deagh thìde do ur càs oir 's dòcha gum bi agaibh ri dhol tro inneal siridh meatailt/tèarainteachd 's sibh a' thighinn a-steach.
- biodh aodach iomchaidh oirbh a tha freagarrach do chùis chudtromach sa chùirt.
- leanaidh gu dlùth treòir neo òrdugh sam bith a bheir oifigearan na cùirte dhuibh.
- bithibh modhail don bhritheamh/don t-siorram, do dhaoine eile sa chùirt agus do dh'oifigearan na cùirte.

- cuiribh dheth ur fòn-làimhe mus tèid sibh a-steach gu seòmar na cùirte agus cumaibh mar sin e ri linn dol air adhart gu lèir na cùirte.

Na dèanaibh

- a' chùirt a fhrithealadh agus sibh fo bhuaidh dibhe neo dhrugaichean.
- clàraidhean claisneachd neo bhideo neo dealbhan-camara a ghabhail ann an seòmar na cùirte, ach gu bheil cead agaibh on chùirt.
- rud sam bith ithe neo òl ann an seòmar na cùirte.
- coin neo a leithid a thoirt a-steach gu togalach na cùirte, a-mach o coin-treòir / claisneachd.

Bu chòir toirt fa-near cuideachd nach bi clann fo aois 14 (a-mach o naoidhein) ceadaichte ann an seòmar na cùirte ach gu bheil iad a' toirt seachad fianais neo gun d' fhuair iad cead na cùirte air sgàth foghlaim no leasan sgoile. Chan eil goireasan cùram cloinne air an solarachadh le Seirbheis Chùirte na h-Alba.

Mas e beachd na cùirte gu bheil ur giùlan neo-iomchaidh neo mì-mhodhail, dh'fhaodadh e bhith gum fàg iad oirbh gu bheil sibh a' cur tàire air a' chùirt. Dh'fhaodadh sibh càin neo prìosan fhaotainn.

Barrachd Fiosrachaidh

'S e amas Seirbheis Chùirte na h-Alba gun toir a' bhileag seo tuigse air mar a dh'obraicheas cùirtean ann an Alba, ach ma bhios ceist sam bith agaibh na dèanaibh dàil ann a bhith a' bruidhinn ri clèireach an t-siorraim sa chùirt ionadail agaibh air neo tadhailibh air www.scotcourts.gov.uk.

'S dòcha gum bi na foillseachaidhean eile seo cuideachail:

- [Clàr-mìneachaidh ainmean laghail](#)
- [Cairt Luchd-cleachdaidh Cùirte](#)
- [A' tilleadh fiosrachaidh no a' dèanamh casaid](#)

Làraichean-lìn feumail

- [Oifis a' Chrùin agus Seirbheis Neach-casaid a' Chrùin](#)
- [A' lorg an neach-lagha fo thaic laghail as fhaighe oirbh](#)
- [Bòrd Taic Laghail na h-Alba](#)
- [Àrd-Chùirt Ceartais na h-Alba](#)
- [Seirbheis Phrìosannan na h-Alba](#)
- [A' frithealadh na cùirte mar neach-fianaise](#)
- [A' frithealadh na cùirte mar neach a dh'fhulaing eucoir](#)